

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 6 | 2017 | AN T-OG-MHÌOS



Facal Toisich

Beagan sheachdainean air ais chuala sinn mu rannsachadh a chaidh a dhèanamh air feadh Bhreatainn a dh'fhaicinn càit an robh na daoine a bu shona anns an dùthaich. Bha sinn toilichte a leughadh gur anns na h-Eileanan an Iar, ann an Innse Gall, a tha an slugh as riarichte anns an dùthaich.

Rinn an rannsachadh a-mach cuideachd gur ann ann an eileanan, ann an Arcaibh, a tha na daoine a bha anns an darna àite a thaobh a bhith toilichte 'nan intinn. Ann an àiteachan ann an Ceann a Tuath na h-Eireann cuideachd a tha slugh a tha riarichte 'nan nàdar cuideachd.

Dè as coireach gu bheil muinntir nan eilean nas toilichte len suidheachadh na tha an slugh ann an ceàrnaidhean eile den dùthaich?

Tha fios gu bheil buaidh aig an àrainneachd air intinn dhaoine. Mun cuairt air an t-sluagh anns na h-Eileanan an Iar a h-uile latha tha seallaidhean brèagha aig gach àm den bhliadhna, fiù's anns a' gheamhradh.

Anns na h-eileanan tha fois agus sàmhchair ann nach lorg sinn a-measg gleadhraich nam bailtean mòra. Tha mi a' creidsinn gu bheil buaidh aig sin air nàdar muinntir nan eilean. Tha beatha an duine a' sìor fhàs nas trainge anns a' bhaile mhòr.

Tha creideamh fhathast cudthromach do mhòran anns na h-eileanan agus ann an Eirinn. Tha fios gu bheil buaidh aig nithean spioradail air beatha làitheil dhaoine anns na ceàrnaidhean.

Gach deagh dhùrachd dhuibh anns gach ceàrn anns a bheil bhur dachaigh,

Ruairidh MacLeòid.



Anns an dealbh seo chìthear cuid de na taighean-adhraidh ann am meadhan Inbhir Nis. A h-uile Sàbaid bidh na ceudan a' frithealadh nan eaglaisean seo. Tha seirbheis Ghàidhlig air a cumail a h-uile mìos anns an Eaglais an Ear ann an Inbhir Nis.

Cùil nan Ceist

A chionn gur e seo An t-Og-mhìos, tha na ceistean co-cheangailte ri daoine òga agus rudan òga. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cò a bha òg agus tais-chridheach? (2 Eachdraidh caibideil 13)
2. "----- bheag anns an robh spiorad neòghlan." (Marcus, caibideil 7)
3. Dè am beathach òg ris am bi fuidheall làcoib coltach? (Micah, caibideil 5)
4. Dè a chaidh fhàgail aig casan òganaich air an robh Saul? (Gnìomharan, caibideil 7)

An t-Urramach Calum MacLeòid, bho Sgìre Uige gu Both Chuidir –2

Greum Cooper

Ann an 1924, dh'fhàg Calum MacLeòid Loch Gilb airson gairm a ghabhail ann an eaglais thraing agus dhùbhланаich ann an Glaschu: Eaglais Iain Knox agus Tradeston. B'è coitheanail Gàidhlig a bha an seo, suidhichte anns na Gorbals, ach, beag air bheag, air imrich gu ceàrnan ùra Ghlaschu. A dh'aindeoin eallach a dhreuchd, lean e air le obair a' Chomuinn Ghàidhealaich agus dh'fhàs e a bhith cliùiteach mar òraidiche air cuspairean Ceilteach. Bha e air a bhith dealasach mar sgrìobhadair airson ràitheachan-eaglaise bhon a bha e 'na oileanach, agus bha na sgilean seo air an aithneachadh ann an 1936, nuair a chaidh iarraidh air a bhith 'na dheasaiche iris mhiosail a' Chomuinn Ghàidhealaich, *An Gàidheal*.

B'è seo ann an aithghearrachd, na bha air cùlaibh Chaluum MhicLeòid, nuair a thòisich e air na naoi bliadhna mu dheireadh de a bheatha agus de a mhinistreachd ann am Both Chuidir, Siorrachd Pheairt. Thar nam bliadhnaichean, bha e air cliù a chosnadh dha fhèin mar mhinistear dìleas, dealasach, mar òraidiche air leth agus mar aodhaire còir coibhneil. Chleachd e na buadhan seo airson math a choisceanail ann am Both Chuidir aig àm an Darna Cogaidh. Anns na bliadhnanachan sin bha gainnead ann de dh'fhir òga, fhreagarrach a bhiodh comasach air taic a thoirt dha leis na seirbheisean anns na trì eaglaisean anns a' pharaiste. A dh'aindeoin sin, lean e air le obair fharsaing Eaglais na h-Alba agus a' Chomuinn Ghàidhealaich: bha e 'na bhall de ghrunn comataidhean na h-Eaglaise agus 'na fhear-gairm de Chomhairle Ghàidhealach Eaglais na h-Alba; ann an 1938, chaidh a thaghadh 'na Cheann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich, dreuchd a ghlèidh e gu latha a bhàis ann an 1946.

Nuair a sgrìobh e cunntas air beatha Chaluum MhicLeòid, rinn an t-Urramach Tòmas MacCalmain iomradh air cho toilichte agus a bha Calum a bhith a' fuireach agus ag obair ann am Both Chuidir thar nam bliadhnaichean seo. Bha na fir sin 'nan caraidean dlùth agus is iongantach mura robh beachdan Thòmais MhicCalmain stèidhichte air faclan Chaluum fhèin. Sgrìobh e gun toireadh trì rudan sònraichte tlachd do Chalum:

a' mhuinntir chòir, chàirdeil, an cruth-sgìre brèagha agus logran na h-eachdraidh ceithir thimcheall air.

Ghabh muinntir paraiste Bhoth Chuidir ri Calum MacLeòid gu cridheil mar mhinistear agus mar charaid. Bha 286 ainmean ann air Liosta nan Comanaichean ann an 1937 agus bha sgioba làidir, seasmach de dh'eildearan agus de luchd-cuideachaidh aige fad a mhinistrealachd. Ged a bha a' Ghàidhlig aig a' mhòr-chuid de shluagh Bhoth Chuidir aig toiseach na 20mh linn, bha cleachdadh a' chànain air lùghdachadh gu mòr gu ruige 1937. A dh'aindeoin sin, thug e tlachd do Chalum MacLeòid a bhith a' bruidhinn anns a' Ghàidhlig ri a nàbaidh, Bana-mhaighistir Flòraidh nic a' Phearsain: bha a' bhana-mhaighistir seo à Gearloch, Rois an Iar, o thùs. Chòrd e ris, cuideachd, a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig còmhla ris an luchd-sgìreachd aige, m.e. Iain MacNeachdainn, Inbhir Loch Làirig, air an do rinn Calum iomradh mar *a typical Highlander of the old school, a man of fine physique, a good Gaelic speaker and, in his younger day, a piper and Gaelic singer*.

Tha an Eaglais agus an taigh a bha 'na mhansa aig Calum MacLeòid ann an teis-meadhan Bhoth Chuidir, roinn air leth brèagha de Ghrarbh Chrìochan Pheairt. Tha am paraiste an iar-tuath air Sgàineadh Crìoch na Gàidhealtachd agus tha an t-aon chlach-eòlas aige agus a tha aig a' Mhonadh-Ruadh. Aig a' mhòr-chuid dhe dh'Earra Ghàidheal agus aig eilean Dhiùra agus Ile. Tha coltas fìor Ghàidhealach air na beanntan àrda, na gleanntan casa agus na lochan. 'S ann a' cur ri seo a tha fianais de dh'obair fearann nan linntean o shean agus bailtean-fearainn fàsa, fhathast gu math follaiseach an-diugh.

Ma dh'fhaodte gur e uaigh Raib Ruaidh MhicGriogair làrach eachdraidheil as ainmeile Bhoth Chuidir: bidh na mìltean a' tighinn a choimhead oirre gach uile bhliadhna. Tha mòran mhac-talla eachdraidheil anns a' pharaiste, ged-thà, cuid dhiubh a' dol air ais gu Linn na Cloiche. Tha "Clach Aonghais", clach aosda, shnaidhte, air a cumail am broinn na h-eaglaise, clach a tha a' toirt urraim do Naomh Aonghas, miseanaraidh a thug leis an ceideamh Crìosdail agus, 's dòcha, cànan Ceilteach don ghleann anns an t-siathamh linn. Fada ro àm Chaluum MhicLeòid, rinn an t-Urramach Raibeart Kirk (1644-1692), obair air leth a thaobh leasachadh a' Bhìobaill Ghàidhlig. Anns an ath linn, chuir am maighistir-sgoile agus am bàrd spioradail Dùghall Bochanan (1716-1768), a rugadh ann an Srath Eadhair, ris an aon obair chudthromaich sin.

Ged a b'è gairm mar mhinistear na h-Eaglaise Crìosdail ann còmhnaidh a' cheud phrìomhachas aige, bha na naoidh bliadhna seo ann am Both Chuidir gu bhith glè thorrach a thaobh tabhartasan Chaluum MhicLeòid do chultar Ghàidhealach agus dhan chànain Ghàidhlig. Dh'fhaodadh e a bhith gu robh am mansa ri taobh Eaglais Bhoth Chuidir glè fhreagarrach atrson na h-obrach leantainniche sin ann an Glaschu agus ann an àiteachan eile, Cha robh am mansa ach dà mhìle air falbh bhon rathad mhòr eadar Ceann Loch Eireann agus Sruighlea, an A84. Gu

Leabhraichean

Chaidh Comunn Gàidhlig Inbhir Nis a stèidheachadh cho fada air ais ri 1871, agus on bhliadhna sin tha an Comunn Gàidhlig air leabhraichean cudthromach tomadach a thoirt am follais leis na h-òraidean a thugadh seachad aig coinneamhan a' Chomuinn ann an Gàidhlig agus ann am Beurla. Chan eil an leabhar as ùire idir air deireadh air an fheadhainn a thàinig a-mach fad nam bliadhnanachan.

Tha ùghdaran air a bheil sinn eòlach a' toirt dhuinn phàipearan anns an leabhar seo. Tha trì ùir luchd-sgrìobhadh againn leis an ainm Ruairidh MacLeòid. A bharrachd air Fear-deasachaidh nan Duilleag seo tha an dotair a bha air a' Ghàidhealtachd agus an siorram, am Morair Minginnis. Tha e math sgrìobhadairean ùra fhaicinn air na duilleagan cuideachd, leithid Jo NicDhòmhnail agus Linda NicLeòid.

Leabhar Comunn Gàidhlig Inbhir Nis (Leabhar 2013-15 air fhoillseachadh ann an 2017)

Gheibh luchd-leughaidh uaireannan an uaireadair de thoileachadh o na h-òraidean anns an leabhar seo anns a bheil corr is trì cheud gu leth duilleag. Bha taobh eaglais air a' bhàrd Rob Donn agus tha Dòmhnall Iain MacLeòid a' sgrìobhadh gu fìosrach mu a bhàrdachd agus mun linn anns an robh e beò.

Bha Lios Mòr ainmeil ann an eachdraidh spioradail na Gàidhealtachd. Tha òraid fheumail aig Alasdair Roberts mu na sagairt a chaidh a choisrigheadh air an eilean. Tha an còmhnaidh pàipearan a bhios feumail do luchd-eachdraidh ann an leabhraichean a' Chomuinn.

Bha a' bhan-seinneadair Mairead NicLeòid mion-eòlach air a' bhàrd Murchadh MacPàrlain, bàrd Mhealaboisd. Tha i a' sgrìobhadh gu tlachdmhor agus gu fìosrach mun eòlas a bha aice air an duine iongantach seo.

ruige 1965, bha stèisean-rèile ann faisg air Both Chuidir, air an loidhne eadar an t-Oban agus Calasraid.

(Bidh an treas cuibhreann den aithisg seo againn air an ath mhios.)



Air an t-samhradh seo bidh na mìltean de luchd-turais a' dèanamh air tràighean nan eilean. Ann an làithean 'òige bha Calum MacLeòid eòlach air tràighean Uige Leòdhais.

Searmon Beag

Buidheachas do Dhia, a tha a' toirt dhuinne na buadha tre ar Tighearna Iosa Crìosd. (1 Corintianaich)

Air Dihaoine na Ceusta cha b'ann air buaidh ach air call a bha aire dhaoinne. Beagan làithean roimhe sin – air Didòmhnaich Shlat-pailme – bha Iosa air a dhol a-steach do dh'Jerusalem agus sluagh mòr ga leantainn. Bha a h-uile neach mar gum biodh iad a' cur fàilte air. Bha a h-uile guth, a rèir coltais, ga mholadh: *Hosanna don neach a thig ann an ainm an Tighearna*, bha an sluagh a' glaochaich.

Ach mun tàinig deireadh na seachdainne, 's e glaoch eile a chualas air sràidean a' bhaile. *Ceus! Ceus!* Sin a bha an sluagh a' glaochaich a-nis.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Is beannaichte esan don do mhaitheadh easontais, da bheil a pheacadh air fhalach." Tha na faclan sin ann an Leabhar nan Salm, an darna salm deug thar fhichead, a' cheud rann. (Salm 32:1) Tha am facal beannaichte anns na sailm a' ciallachadh "sona". Bha an salmair a' creidsinn gu robh an duine aig an robh eòlas air mathanas pheacaidhean da-rìreabh fortanach. Chan eil ach Dia as urrainn peacaidhean a mhairtheadh. Thubhairt Iosa, "Tha do pheacaidhean air am mairtheadh dhut: imich ann an sith."

Sgriobh mi seo anns a' Ghiblean. Cha chuala mi a' chuthag fhathast ach dh'innis caraid dhomh gun cuala esan i bho chionn seachdain no dhà. Tha seirm na cuthaig 'na comharradh gu bheil an samhradh agus an t-side bhlàth a' tighinn dlùth. Tha na h-uain a-nis pailt anns na h-achaidhean. Tha sin cuideachd ag innse gu bheil an aimsir fhuar a-nis seachad. Tha aimsirean na bliadhna a' tighinn 'nan àm fhèin a h-uile bliadhna.

Bha cùisean air an tionndadh bun os cionn.

Ach chan ann air call ach air buaidh a tha an t-abstol Pòl a' labhairt an seo. Oir bha a shùil-san air teachdaireachd na h-aiseirigh.

Buidheachas do Dhia. Sin am facal a bhiodh aig Pòl gu tric. Tha fios gu robh iomadh suidheachadh ga fhàgail dubhach 'na bheatha fhèin agus ann am beatha na h-eaglais. Bha rudan ann am beatha na rìoghachd a bha ga mhì-mhisneachadh cuideachd. Ach bha e a' creidsinn, air a' cheann mu dheireadh gur ann aig Dia a bhiodh a' bhuaidh-làraich.

Buidheachas do Dhia airson a thiodhlaic do-labhairt. Thug Dia dhuinne iomadh tìodhlac luachmhor, timeil agus spioradail. Ach 's e Crìosd gu cinnteach an tìodhlac do-labhairt, an tìodhlac os cionn gach tìodhlac eile ann an luach.

Nuair a chaidh Iosa a cheusadh air a' chrann bhiodh daoine cinnteach gur ann aig a' bhàs a bha a' bhuaidh. Bha a chorp air a chàradh anns an uaigh. Bha a luchd-leanmhainn air an sgapadh. Bha clach mhòr a' glasadh na h-uaighe. Ach chualas teachdaireachd na h-aiseirigh, *Tha an Tighearna air èirigh!*

Thug Iosa a-mach a' bhuaidh. Agus cha b'ann dha fhèin a choisinn E a' bhuaidh air latha na h-aiseirigh. Tha Pòl a' sgrìobhadh an seo gur ann dhuinne a thug E a-mach a' buaidh. Tre chreideamh faodaidh compàirt a bhith againne anns a' bhuaidh sin.

Bha na deisciobail air an lìonadh le eagal nuair a chaidh Iosa a cheusadh. Ach thug teachdaireachd na Càisge buaidh air an eagal a bha 'nan cridhe.

'Na aiseirigh ghloirmhor o na mairbh thug Iosa buaidh air cumhachd a' bhàis. *Shluigeadh suas am bàs le buaidh.* Aig àm na Càisge chì sinn obair nàdair fhèin mar gum biosdh e a' tighinn beò an dèidh dorchadas agus bàs a' gheamhraidh. Tha dathan ùra air gach cnoc agus anns gach achadh. Tha teachdaireachd an sin dhuinne mun t-solas a' tilleadh an dèidh an dorchadais, mu bheatha a' toirt buaidh air bàs.

Nuair a chaidh Iosa Crìosd a chrochadh air a' chrann-cheusaidh chaill na deisciobail am misneachd. Theich iad leis an eagal. Dh'àicheidh fear de a luchd-leanmhainn. *Chan aithne dhomh an duine*, ars Peadar. Thug iad uile an casan leo. Ach nuair a chunnaic iad Iosa ann an comhachd na h-aiseirigh fhuair iad spionnadh nuadh. Chan eil guth air call a-nis ach air buaidh.

An-diugh tha sinn a' toirt taing do Dhia airson a thìodhlac gu lèir. Tha sinn a' dèanamh sin a h-uile Sàbaid. Ach aig an àm seo den bhliadhna tha sinn a' toirt taing dha gu sònraichte airson teachdaireachd na Càisge a tha ag innse gu bheil beatha nas cumhachdaiche na bàs, gu bheil gràdh nas treise na fuath, gun toir an solas buaidh air an dorchadas. *Buidheachas do Dhia, a tha a' toirt dhuinne na buadha tre ar Tighearna Iosa Crìosd.*

(Thugadh an searmon seo seachad ann an Loch Giorra ann am Meadhan Earra Ghàidheal agus anns an Oban aig àm na Càisge am bliadhna.)

a' coimhead Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinn-eachd, ghabh iad eagal mòr, ag ràdh, *Gu fìrinneach b'e seo Mac Dhè.* 55 Agus bha an sin mòran bhan (ag amharc am fad) a lean Iosa o Ghalile a' frithealadh dha:

28 An dèidh na sàbaid, aig bris-eachd na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaighe. 2 Agus feuch bha chrith-thalmhainn

Seanfhacal airson na mìos seo: "Is e Diluain iuchair na seachdain." (Monday is the key of the week.) Ma nì sinn tòiseachadh math don t-seachdain, thèid na làithean gu fàbharach leinn. Tha e fìor cuideachd gu bheil e math an t-seachdain a thòiseachadh air an t-Sàbaid. 'S e sin a' cheud latha den t-seachdain anns an Eaglais Chrìosdail. Tha an latha sin 'na dheagh ullachadh airson obair na seachdainne.

Air a' bhliadhna seo tha barrachd air aon taghadh againn, air tìr-mòr na Roinn Eòrpa agus ann am Breatann. Chaidh strìth mhòr a dhèanamh airson an cothrom seo fhaighinn. Gum mì-fhortanach chan eil a h-uile duine a' gabhail nan cothroman a tha againn air luchd-riaghlaidh a thaghadh. Tha còir againn a bhith ag ùrnaigh airson nan daoine a tha gar riochdachadh anns na comhairlean ionadail agus ann an Dùn Eideann agus ann an Lunnainn. Tha obair chudthromach aca ri choileanadh.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall's a-Bhos

RANN

*Cia milis ainm an t-Slàn'gheir chaoimh,
An cluais a' chreidmhich bhochd!
Caisgidh e bròn is leòn nan naomh,
Gun eagal orr' roimh lochd.*

Bha Mac an Tòisich MacAoidh 'na mhinistear air Tairbeart na Hearadh anns an naodhamh linn deug agus bha e 'na cheannard air an Eaglais Shaoir air a' Ghàidhealtachd. B'esan a dh'eadar-theangaich an rann anns an laoidh seo leis a' bhàrd ainmeil, Iain Newton, *How sweet the name of Jesus sounds*.

SGRUDADH

Rinn rannsachadh a-mach nach eil ach 390,000 de shluagh na h-Alba a' frithealadh na h-Eaglais gu cunbhalach. Ann an 1984 thubhairt 854,000 gum biodh iad a' dol don eaglais. Ach aig Cunntas an t-Sluaigh bha 2.9 millean de mhuinntir na h-Alba a' cumail a-mach gu robh iad 'nan Crìosdaidhean. Tha àireamh nan coitheanal a' lùghdachadh.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo dhuibh freagairt nan ceist a thog sinn air an duilleig-aghaidh. 1. Rehabòam. 2. Nighean. 3. Leòmhann. 4. Aodach.

ADHBHAR GAIRE

Tha naidheachd ann an leabhar Comunn Gàidhlig mu Iain MacLeòid a bha 'na mhinistear anns an Oban. Nuair a thill e à Canada bha e latha ann an Steòrnabhagh agus choinnich cuideigin ris à Arnol air an robh e eòlach mun do dh'fhàg e Alba. Mun do dhealaich iad thubhairt am fear à Arnol, "Bha mi cinnteach gum faigheadh tusa air adhart gu math. Ach dè idir a thachair dod bhràthair lain?" Fhreagair am ministear le fiamh gàire, "Is mise mo bhràthair lain."

Urnaigh

A Dhè na sìthe,
ann an saoghal buaireasach
tha sinn ag ùrnaigh
airson rèite a-measg nan
rìoghachdan.
Gum biodh buaidh aig
Soisgeul na sìthe
air inntinn agus beatha
dhaoine,
gu h-àraidh na tha ann
an ùghadarras
air feadh an t-saoghail.
Tre Chrìosd, Prionnsa na Sìthe.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Seo an sealladh a gheibh daoine
a' coimhead tarsaing a' bhàigh
gu Caisteal Steòrnabhagh.
Rinneadh obair mhòr airson
bho chionn beagan bhliadhnan
an caisteal àlainn seo
a leasachadh agus tha cothrom aig aoighean
oidhche a chur seachad ann.